



AITHISG OILEANACH

Geàrr-chunntas Aithisg Luchd-sgrùdaidh na Banrigh (HMle) air Sabhal Mòr Ostaig.

AN T-SAMHAIN 2007

SABHAL MÒR OSTAIG

Aithisg Oileanach - an t-Samhain 2007

Anns a' Ghiblean 2007 rinn Luchd-Sgrùdaidh na Banrigh (HMle) sgrùdadh air prògraman Foghlaim Adhartaich ann an Gàidhlig, agus rinn iad sgrùdadh air goireasan, modhan obrach agus builean a' churriculium mar a bha iad a' buntainn ris na prògraman sin. Tha prògraman Foghlaim Adhartaich (FA) a' gabhail a-steach foghlam air astar, air-loidhne agus chùrsaichean goirid.

Rinn HMle aithisg agus luachadh slàn air Ceannardas a bha a' gabhail a-steach ceannardas, stiùireadh agus riaghladh foghlaim mar a bha e a' buntainn ri Foghlam Adhartaich air feadh na Colaiste. Rinneadh sgrùdadh cuideachd air ceannardas a thaobh inntrigidh is in-ghabhail, treòrachaidh is taice, agus togalaichean is goireasan ionnsachaidh.

Tha an aithisg, a dh'fhoillsicheadh 21 Sultain 2007, air leth fàbharach. Às na 10 puingeann a chaidh a sgrùdadh, thug HMle 7 ìrean "Fior mhath" do Shabhal Mòr Ostaig (an ìre as àirde a tha ri faotainn) agus 3 ìrean "Math". Rinneadh iomradh air dà raon anns an robh dòighean-teagaisg air thoiseach air a' chòrr den earrann agus iad ùr-ghnàthach.

Tha an clàr a leanas a' cur nan ìrean a bhuilicheadh air Sabhal Mòr Ostaig le HMle an cèill.

Clàr 1

Cànanan: Gàidhlig	Ìre
Dealbhadh phrògraman	Fior mhath
Togalaichean ionnsachaidh is teagaisg	Math
Uidheam agus stuthan	Math
Luchd-obrach	Fior mhath
Modhan ionnsachaidh is teagaisg	Fior mhath
Measadh	Fior mhath
Adhartas agus builean nan oileanach	Fior mhath
Treòrachadh agus taic nan oileanach	Fior mhath
Dearbhadh is leasachadh deagh-ghnè	Math

Eileamaidean thar na Colaiste	Ìre
Ceannardas, stiùireadh agus riaghladh foghlaim	Fior mhath

Tha luchd-measaidh HMle riarachta:

- Gu bheil modhan ionnsachaidh is teagasg èifeachdach aig Sabhal Mòr Ostaig;
- Gu bheil oileanaich a’ dèanamh adhartas math agus a’ coileanadh bhuilean iomchaidh;
- Gu bheil a’ cholaiste, uile gu lèir, a’ stiùireadh agus a’ leasachadh deagh-ghnè a seirbheisean do dh’oileanaich.

Chomharraich HMle grunn dòighean anns an do dhearbhadh a’ cholaiste a comas air deagh fhoghlam agus seirbheisean a libhrigeadh, a chumail suas agus a leasachadh.

Gàidhlig

Deagh-ghnè an ionnsachaidh

Chaidh ionnsachadh agus teagasg air prògraman FA sa Ghàidhlig a mheas fìor mhath, mar a bha adhartas agus ionnsachadh nan oileanach. Bhathar den bheachd gun robh na prògraman sin ag amas le èifeachd air misneachd nan oileanach a thogail a thaobh bruidhinn a’ chànain. Ghabh cha mhòr a h-uile h-oileanach pàirt èifeachdach anns an ionnsachadh agus dh’obraich iad gu taiceil còmhla.

Àrainneachd agus goireasan

Bha àrainneachd na colaiste air a meas freagarrach airson gnìomhan ionnsachaidh, agus cuideachd airson thachartasan a bharrachd air teagasg an cois nan cùrsaichean goirid.

Rinn a’ cholaiste feum èifeachdach de theicneòlas fòn airson taic a thoirt do dh’oileanaich a’ Chùrsa Inntigidh.

An dàimh eadar luchd-obrach agus oileanaich

Bha an dàimh eadar luchd-obrach agus oileanaich fàbharach agus thug e àrainneachd thaiceil ionnsachaidh gu bith. Rinn a’ mhòr-chuid den luchd-teagasg feum fìor mhath den fhiosrachadh is den eòlas aca.

Adhartas, builean is glèidheadh nan oileanach

Bha dòighean èifeachdach aig a’ cholaiste airson co-dhùnaidhean measaidh a chlàradh agus cunntas a chumail air adhartas nan oileanach. Bha e follaiseach gun robh cha mhòr na h-oileanaich air fad a’ dèanamh deagh adhartas an co-cheangal ris an ionnsachadh agus an obair a rinn iad roimhe, agus bha ìre àrd glèidhidh agus coileanadh aig na prògraman air fad.

Bha modhan seasmhach aig a’ cholaiste airson feumalachdan nan oileanach air taic a bharrachd a chomharrachadh, agus bhathar a’ dèiligeadh riutha seo gu h-èifeachdach air diofar dhòighean.

Freagairt air beachdan nan oileanach

Chaidh a mheas gun robh sgioba Foghlaim Fad Beatha (FFB), a tha an urra ri prògraman FA, air freagairt gu math air beachdan oileanach, luchd-obrach agus luchd-fastaidh a thaobh prògraman a luachadh agus planaichean leasachaidh a dhealbhadh.



A thuilleadh air a seo chomharraich HMle dà raon anns an robh dòighean-obrach air thoiseach air a' chòrr den earrann agus iad ùr-ghnàthach.

Structair prògram a' Chùrsa Inntigidh

Tha am prògram seo, 's e ag amas air comas labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh, a' tabhann stuthan sgrìobhte agus claisneachd, le clasaichean fòn gach seachdain airson taic a thoirt do dh'oileanaich. Tha na clasaichean seo a' daingneachadh dhrilichean labhairt, mìneachadh agus tuigse air a' chànan sgrìobhte, agus tha na sgilean labhairt a bhathar air ionnsachadh air an cur gu feum ann an suidheachaidhean simplidh còmhraidh.

Bha fiosrachadh air ais bho oileanaich a' Chùrsa Inntigidh fìor fhàbharach. Bha a' mhòr-chuid de dh'oileanaich den bheachd gun do mhisnich na clasaichean fòn iad ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig bho ìre thràth. Chaidh cuid mhòr dhiubh air adhart gu prògraman àrd-ìre no chuir iad an sgilean gu feum ann a bhith a' cur ri an comasan cosnaidh.

Seachdainean teaghlaich

Bha a' cholaiste air seachdainean teaghlaich a chur air dòigh mar phàirt de phrògram cùrsaichean goirid an t-samhraidh, le taic bho Chommunity Learning and Development Review Group for Gaelic. Bha na seachdainean seo ag amas air pàrantan agus càirdean cloinne a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus chuidich iad ann a bhith a' coileanadh amas na colaiste ann an leudachadh chothroman air foghlam ann an Gàidhlig aig a' choimhearsnachd ionadail agus fharsaing. Gu tric, cha robh Gàidhlig gu leòr aig pàrantan na cloinne airson gun toireadh iad taic do thachartasan sgoile. Thug na seachdainean teaghlaich cothroman do phàrantan agus càirdean eile an cuid Gàidhlig a leasachadh fhad 's a bha a' chlànn a' gabhail pàirt ann an taghadh de ghniomhan tro mheadhan na Gàidhlig. A thuilleadh air clasaichean tron là, bha cuirmean sòisealta air an cur air dòigh far am faodadh teaghlaichean coinneachadh ri chèile air an fheasgar, agus far an robhar gam brosnachadh gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.

Thàinig fiosrachadh air leth fàbharach air ais bho theaghlaichean mu ìre cùram agus cur-seachadan na cloinne, mu ionnsachadh nam pàrant 's nan càirdean, agus mu na buannachdan 's mun toileachas do na h-uile a tha an cois ionnsachadh teaghlaich.

Ceannardas

Ceannardas agus Stiùireadh na Colaiste

Chaidh a mheas gun robh an Stiùiriche an sàs ann an ceannardas èifeachdach agus cuimseach, agus gun robh lèirsinn agus amasan ro-innleachdail na colaiste a' stiùireadh a h-obrach gu daingeann. Bha conaltradh soilleir eadar an Stiùiriche, Bòrd nan Urrasairean, a' Bhuidheann Stiùiridh agus luchd-obrach na colaiste a' cur taic ri dealas an luchd-obrach ann a bhith a' toirt amasan na colaiste gu buil.

Inntrigeadh is in-ghabhail

Chuir a' cholaiste poileasaidhean agus modhan-obrach iomchaidh an gnìomh co-cheangailte ri inntrigeadh agus in-ghabhail.

Treòrachadh

Thugadh sàr threòrachadh do dh'oileanaich FA ro thoiseach a' chùrsa, air a fheadh agus ro a dheireadh.

Àrainn

Làimhsich a' cholaiste dealbhadh na h-àrainn gu h-èifeachdach na plana ro-innleachdail, le amasan sònraichte co-cheangailte ri sìor leasachadh is leudachadh air àrainn na colaiste.

Chomharraich HMle na puingeàn leasachaidh a leanas:

Ceannardas

- Bu chòir don cholaiste dèanamh cinnteach gur ann soilleir a bhios amasan a th' air an cur an cèill mar thargaidean anns a' phlana obrach agus gun gabh an tomhas, le toraidhean a bhios mionaideach gu leòr airson sùil gheur a chumail air adhartas.
- Bu chòir don cholaiste a h-uile roinn de phoileasaidh stèidhte dìon cloinne aontachadh agus a chur an gnìomh gun dàil sam bith, le taic bho thogail aire agus trèanadh èifeachdach an luchd-obrach.
- Bu chòir don cholaiste dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-teagaisg agus neach-taice a th' ann a tha a' dèiligeadh ri daoine fo aois 18 bliadhna agus ri oileanaich inbheach sho-leònte air sgrùdadh disclosure fhaighinn.
- Bu chòir don cholaiste an t-slighe gu gach ceàrn dhith a leasachadh do gach oileanach, neach-obrach agus neach-tadhail.

Gàidhlig

- Bu chòir don cholaiste am VLE a leudachadh mar ghoireas ionnsachaidh do dh'oileanaich FA.
- Bu chòir don cholaiste modhan seasmhach a dhealbhadh gus deagh-ghnè an ionnsachaidh 's an teagaisg air na cùrsaichean goirid a sgrùdadh.
- Bu chòir do sgioba FFB dèanamh cinnteach gum bi fèin-mheasadh mionaideach agus breithneachail ann agus gum bi adhbharan airson neo-choileanadh no neo-ghleidheadh oileanaich FA air an làn-mhìneachadh.



Action by the College to address the areas for improvement:

- The operational plan will, in the future, be written with targets which can be more effectively monitored;
- The child protection policy has been redrafted; arrangements for disclosure have been implemented; and training of staff has begun;
- Improvements have been made to college access, and further improvements are planned;
- Discussions are under way with regard to development of the VLE as a learning resource;
- The lifelong learning team is reviewing procedures for monitoring learning and teaching on short courses;
- Steps are being taken by the lifelong learning team to improve self-evaluation, and to analyse fully reasons for non-attainment or non-retention of FE learners.

If you would like a copy of the full HMIe Report for Sabhal Mòr Ostaig, please go to www.hmie.gov.uk

If you would like any further information, or have any queries about the full HMIe Report or this Learner Report, please contact Alison Dix on 01471 888216 or at sm00ad@uhi.ac.uk

For further information about our distance learning programmes, please contact sm00cin@uhi.ac.uk or sm00cg@uhi.ac.uk for information about short courses.

Sabhal Mòr Ostaig, Sleat, Isle of Skye, Scotland IV44 8RQ
T: +44 (0) 1471 888000 trusadh@smo.uhi.ac.uk



Eòrpa agus Alba
ag obair còmhla